

28 An Giblean 2026

A phàrtaidh/neach-cùraim chòir

Anns an Fhaoilleach 2026, thadhail sgioba Luchd-sgrùdaidh Foghlaim an Rìgh air Bun-sgoil Chnoc a' Chonaisg. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus clann agus dh'obraich sinn gu dlùth còmhla ris a' cheannard agus an luchd-obrach.

Chaidh sgrùdadh a dhèanamh air sgoil-àraich Chnoc a' Chonaisg le Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim taobh a-staigh nan 18 mìosan a dh'fhalbh. Mar sin, dh'aontaich sinn ris an ùghdarras ionadail agus an sgoil nach eil clas na sgoil-àraich an lùib an sgrùdaidh seo.

Lorg an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile.

- Ceannardas sàr-mhath agus air leth brosnachail a' cheannard-sgoile. Tha i air lèirsinn agus luachan na sgoile fhìghe a-steach thar ùine agus tha i gan toirt beò. Tha i a' faighinn taic bho na h-àrd-stiùirichean air leth èifeachdach. Còmhla, tha iad air cultar miannach a chruthachadh, le lèirsinn na sgoile aig a' bhunait. Mar thoradh, tha clann, pàrantan agus com-pàirtichean air an comasachadh gus leasachadh agus atharrachadh adhartach air feadh na sgoile a stiùireadh agus a dhèanamh tèarainte.
- Tuigse dhomhainn phroifeiseanta aig an luchd-obrach air ionnsachadh agus teagasg glè èifeachdach. Tha dòigh-obrach air leth aca a thaobh ionnsachadh agus teagasg air feadh na sgoile, gu h-àraidh ann an èisteachd agus labhairt. Mar thoradh, bidh clann a' dèanamh adhartas làidir leantainneach agus tha buileachadh ga leasachadh gu cunbhalach air feadh a' churraicealaim.
- A' chlann a tha gu math modhail, fileanta agus gu math moiteil às an sgoil aca. Tha iad air am brosnachadh gu mòr, an sàs san ionnsachadh aca agus bidh iad soirbheachail gu tric.
- Modhan-obrach air leth èifeachdach a thaobh sunnd agus com-pàirteachas na cloinne. Tha coimhearsnachd na sgoile gu lèir air a bhith ag obair còmhla gus cleachdadh fìor in-ghabhalach agus àrainneachd altram a leasachadh. Air sgàth seo, tha taic fìor mhath air a thoirt do gach pàiste gus coileanadh agus soirbheachadh.
- Na dòighean-obrach air leth èifeachdach gus na diofar bhuntanasan agus chultaran taobh a-staigh na sgoile a chomharrachadh. Bidh an luchd-obrach a' dealbhadh raon farsaing de chothroman airson na cloinn a thaobh cultar, spòrs agus saoranachd. Bidh clann a' gabhail misneachd agus fèin-aithne chultarail tro bhith a' comharrachadh iomadh cànan dachaigh eadar-mheasgte na sgoile. Bidh clann a' cleachdadh na Gàighlig gu brìghmhor thar seaghan cànan agus cultair beairteach.

Chaidh na raointean airson leasachaidh seo aithneachadh agus chaidh beachdachadh orra còmhla ris a' cheannard-sgoile agus riochdaire bho Chomhairle Inbhir Chluaidh.

- Bu chòir do luchd-obrach deagh-leasachadh na sgoile a chumail suas.

Chruinnich sinn fianais gus am b' urrainn dhuinn obair na sgoile a mheasadh ri linn ceithir comharran mathais bho [Dè cho math 's a tha an sgoil againn \(4mh eagra\)](#). Tha comharran mathais a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh breithneachadh air na tha a' dol gu math agus na tha feumach air leasachadh. Às dèidh sgrùdadh air gach sgoil, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh mion-fhiosrachadh mu na measaidhean againn gus sùil a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean na h-Alba a' dèanamh.

Seo measaidhean HMIE airson Bun-sgoil Chnoc a' Chonaisg

Comharran mathais	Measadh
Stiùireadh air atharrachadh	sàr-mhath
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	sàr-mhath
A' barantachadh sunnd, co-ionannachd agus com-pàirteachas	sàr-mhath
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	sàr-mhath
Tha mìneachaidhean air na measaidhean rim faighinn bho: Dè cho math 's a tha an sgoil againn (4mh eagra) Pàipear-taic 3: An sgèile sia-puing	

Bidh sgrìobhainn nas mionaidiche fon ainm Geàrr-chunntas air Toraidhean Sgrùdaidh (SIF) ri faighinn air làrach-lìn HMIE aig: [Aithisgean Sgrùdaidh | Luchd-sgrùdaidh Foghlaim an Rìgh ann an Alba](#)

**HMIE**

His Majesty's Inspectorate of Education in Scotland
Luchd-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlam ann an Alba

Dè thachras a-nis?

Tha sinn cinnteach gu bheil comas aig an sgoil cumail oirre a' leasachadh agus mar sin cha dèan sinn tuilleadh thurasan an co-cheangal ris an sgrùdadh seo. Bheir Comhairle Inbhir Chluaidh fios do phàrantan/luchd-cùraim mu adhartas na sgoile mar phàirt de na h-ullachaidhean aice aithriseadh air mathas nan sgoiltean aice.

Kerstine Speight
Neach-sgrùdaidh an Rìgh

As lèth Àrd-neach-sgrùdaidh Foghlaim an Rìgh ann an Alba

